



Bòrd Stiùiridh Bòrd na Gàidhlig - Aithisg air Riochdachadh Gnè

Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018

Ro-ràdh

Chaidh an Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018 a stèidheachadh gus cuideachadh ann a bhith a' dèiligeadh ris an fho-riochdachadh eachdraidheil agus leantainneach de bhoireannaich ann am beatha poblach. Tha boireannaich a' riochdachadh barrachd is an dàrna leth dhe àireamh-shluaigh na h-Alba - faisg air 52%.

Tha Earrann 1 den Achd a' cur an cèill "amas riochdachaidh gnè", gur e boireannaich a bhios ann an 50% de bhuill neo-ghnìomhach a tha air bòrd. An uair a tha àireamh chòrr de bhuill neo-ghnìomhach air bòrd, buinidh an t-amas seo ris a' chùis mar gun robh aon nas lugha ann de bhuill neo-ghnìomhach air a' bhòrd. Tha bòrd le 50% no barrachd de bhuill neo-ghnìomhach a tha nam boireannaich air an t-amas a choileanadh.

Tha Earrann 1 de Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018 a' toirt cunntas air na h-ùghdarrasan poblach a tha fo riaghladh na h-Achd – tha seo a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig (BnG). Is e an Neach Cur an Dreuchd, mar a tha air mhìneachadh san stiùireadh reachdail mar an urra ri suidheachadh bhall air BnG: Ministearan Riaghaltas na h-Alba.

Buill-bhùird BnG mar aig 31 Màrt 2023.

Stiùirichean Neo-Ghniomhach	6
Stiùirichean Neo-Ghniomhach Boireann*	3

**Tha seo a' gabhail a-steach Cathraiche BnG*

Dàta Trusaidh

Chaidh iomairt sanasachd agus trusaidh a dhèanamh airson Buill Neo-ghnìomhach a' Bhùird ann an 2021. Tha gearr-iomradh air an toradh air a mhìneachadh gu h-ìosal.

Fastadh:	Buidheann Poblach	Tìotal na Dreuchd	Ceann-là dùnaidh	Na chuir a-steach tagradh	% de thagraidhean bho Bhoireannaich	An robh Boireannaich air an cur an Dreuchd?
Suidheachadh 2 Bhall	Bòrd na Gàidhlig	Stiùiriche Neo-Ghniomhach	Gear. 2022	8	50%	Bha -1

**Dàta air a sholarachadh le sgioba Suidheachaidhean Poblach Riaghaltas na h-Alba.*

Thòisich iomairt fastaidh ùr sa Mhàrt 2023, gus triùir Bhall Bùird a bharrachd fhasadh, agus bidh seo a' gabhail a-steach ceumannan sònraichte gus barrachd boireannaich a thàladh chun a' Bhùird. Bidh seo a' thuilleadh air sanasachd choitcheann mu na dreuchdan.